

Teaghlaidhean agus a' choimhearsnachd Tha sinn a' cur luach mhòir air an taic a tha teaghlaidhean agus a' choimhearsnachd a' toirt dha sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Faodaidh sibh a bhith taiceil do sgoilearan sa Ghàidhlig san àrd sgoil ann an dòighean mar seo:

- A' bhith dealasach mu dheidhinn ionnsachadh tron Ghàidhlig.
- A' brosnachadh sgoilearan gus Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas.
- Cuir an cuimhne sgoilearan gu bheil goireasan-ionnsachaidh air-loidhne ann a bheir cuideachadh dhaibh (faclairan air-loidhne mar: LearnGaelic, Stòr Data, Am Faclair Beag agus goireasan eile air Glow, e-Stòras, BBC Bitesize, Ceitidh an guth Gàidhlig agus leabhraichean-d air Giglets). Tha liosta de ghoireasan Gàidhlig air làrach-lìn na sgoile fo *Gàidhlig* agus *Goireasan*. Tha tòrr ghoireasan Gàidhlig aig leabharlann na sgoile a bhios feumail do sgoilearan.
- Ma tha sgoilear a' smaoinichadh gu bheil feum aca air taic a bharrachd, can riutha a dhol a bhruidhinn ri tidsear cho luath 's a ghabhas. Mar choimhearsnachd-sgoile, tha sinn a' brosnachadh sgoilearan gus taic iarraidh.

Faodaidh pàrantan a dhol a bhruidhinn ris an tidsear-stiùiridh no an Iar-cheannard airson Addison mu chùisean aig àm sam bith.

Families and the Community We value the support that families and the community provide for students in GME. These are some of the ways you can support Gaelic Medium students in secondary school:

- Show enthusiasm about learning through Gaelic.
- Encourage students to use Gaelic as often as possible.
- Remind students that there are many online tools that can help them studying through Gaelic (online dictionaries such as LearnGaelic, Stòr Data, Am Faclair Beag and online resources on Glow, e-Stòras, BBC Bitesize, Stòrlann, Ceitidh the Gaelic voice and e-books on Giglets). There is a list of Gaelic resources on the school website under *Gàidhlig* and *Goireasan*. The school library has a lot of Gaelic resources that will be helpful for pupils.
- If a student indicates that they require additional support, encourage them to speak to a teacher as soon as possible. As a school we encourage pupils to ask for help.

Parents are encouraged to contact the Depute Head Rector for S1 & GME at any point to discuss any issues.



Airson fiosrachadh a bharrachd fhaighinn cuir fios gu: For further information contact:

Mr DI Macamhlaigh Iar-cheannard airson ÀS1 agus Foghlam tron Ghàidhlig Mr DI Macaulay S1 & GME Depute Rector

Fòn Tel: 01851 707000 Post-d E-mail: nicolsoninstitute@gnes.net www.nicolsoninstitute.org



Àrd-sgoil MhicNeacail

FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG

Gaelic Medium Education at The Nicolson Institute



Tha Foghlam tron Ghàidhlig ri fhaighinn aig Àrd-sgoil MhicNeacail. Tha seo a' leigeil dha sgoilearan na sgilean Gàidhlig agus na sgilean Beurla aca a leasachadh aig an aon àm, fhad 's a tha iad a' gluasad tron àrd-sgoil. Tha ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt iomadh cothrom dha daoine òga a thaobh foghlaim, cultair agus na h-eaconomaidh. Aig Àrd-sgoil MhicNeacail tha sinn a' cur luach air a' Ghàidhlig agus air cultar Gàidhealach. Tha sinn a' brosnachadh sgoilearan gu bhith leantainn orra a' leasachadh na sgilean Gàidhlig aca.

The Nicolson Institute has a well established Gaelic Medium Education provision which allows young people to continue developing both their Gaelic and English skills simultaneously as they progress through their secondary education. Studying through Gaelic presents students with significant educational, cultural and economic opportunities. At The Nicolson Institute we value the Gaelic language and culture and actively encourage students to develop their knowledge and skills in this area.





A thuilleadh air a bhith a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair-sgoile, bidh sgoilearan a' dèanamh measgachadh de chuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig. Aig an àm seo, tha sgoilearan Gàidhlig air a' chiad bhliadhna a' faighinn co-dhiù ceithir tràithean-sgoile deug (aon uair deug agus ceathrad mionaid) de leasan tron Ghàidhlig agus naoi tràithean-sgoile deug (còig uairean deug agus caogad mionaid) de leasan tro mheadhan na Beurla gach seachdain. San àm ri teachd tha sinn an dòchas an curraicealam tron Ghàidhlig a leudachadh le bhith a' tabhainn barrachd chuspairean ann an Gàidhlig. Faodaidh sgoilearan leanntainn air adhart le raon de chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig san dàrna agus an treas bliadhna. Faodaidh iad cuideachd cùrsaichean Nàiseanta SQA a ghabhail ann an Gàidhlig agus Eachdraidh no Nuadh-eòlas air a' cheathramh bliadhna cuideachd agus leanaidh iad orra a' faighinn Foghlam Pearsanta & Sòisealta, Àm-oide agus Creideamh & Moraltachd ann an Gàidhlig. Bidh na sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig uile ann an taigh Addison.

Iomadh Cothrom A bharrachd air a bhith a' dèanamh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig, tha mòran chothroman aig sgoilearan pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan sòisealta agus culturail, mar eisimpleir: mòdan ionadail agus nàiseanta, farpaisean FilmG, clubaichean aig àm-bidh, deasbadan, tachartasan Seachdain na Gàidhlig (mar eisimpleir: farpais-cheist agus bùthan-obrach). Tha Comunn na Gàidhlig ag obair gu dlùth leis an sgoil gus iomadh cluba agus tachartas tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart, a leithid clubaichean aig àm-bidh agus spòrs taobh a-miugh na sgoile.

In addition to studying Gàidhlig as a subject, S1 students will also study a range of other subjects through the medium of Gaelic. The range of subjects varies from year to year depending on staffing. Currently S1 GME pupils receive at least 14 periods (11hours 40mins) of Gaelic Medium Education and 19 periods (15 hours 50mins) of English Medium Education per week. We are hoping to expand the Gaelic Medium curriculum in the future by providing more GME subjects. Pupils will be able to continue studying a range of subjects through Gaelic in S2 & 3. They will also be able to undertake SQA National Qualification courses in Gàidhlig and Eachdraidh (History) or Nuadh-Eòlas (Modern Studies) on S4 and they will continue to get Personal & Social Education, Tutor Time and Religious & Moral Education in Gaelic. All pupils in Gaelic Medium Education are in Addison house.

Many Opportunities In addition to studying subjects through Gaelic GME pupils get many opportunities to participate in social and cultural activities, such as: local & national mòds, FilmG competitions, debates, Seachdain na Gàidhlig activities (e.g. quizzes, career-based workshops). Comunn na Gàidhlig works closely with the school to provide many clubs and activities through the medium of Gaelic such as lunchtime clubs and outdoor activities.



Na Buannachdan Seo feadhainn dhe na buannachdan a dh' fhaodas a bhith ann ma chumas sgoilearan orra ann am Foghlam tron Ghàidhlig

- Bidh na sgoilearan a' fàs nas misneachdail ann a bhith a' cleachdadh na sgilean Gàidhlig aca.
- Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil leasachadh sgilean dà chànanach a' toirt air adhart an dà chuid leasachadh eanchainn, agus sgilean tuigse.
- Tha Foghlam tron Ghàidhlig a' cur ri fàs ann an coileanadh sa churraicealam san fharsaingeachd.
- Tha cothroman aig sgoilearan pàirt a ghabhail ann am farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh sòisealta agus culturail.
- Tha sgoilearan a' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean a bhios feumail nam beatha làitheil, agus sgilean obrach.
- Tha sgoilearan air an deisealachadh airson an iomadh cothrom-cosnaidh a tha ri fhaighinn ann an saoghal na Gàidhlig an-diugh.

The Benefits Some of the benefits of continuing in GME in secondary are:

- Students become increasingly confident in using their Gaelic skills
- Research indicates that developing skills in two languages enhances the development of the brain and improves cognitive skills.
- GME contributes to raising attainment across the curriculum
- Students are able to take part in a range of social and cultural experiences
- Students develop skills for learning, life and work.
- Students are better placed to prepare for the increasing number of Gaelic related career opportunities.

